

# NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB LIFE AND WORK

AIREAMH 5 | 2013 | AN CEITEAN

## Facal Toisich

Nuair a sgrìobh mi seo bha an sneachd agus a' ghaoth air milleadh mòr a dhèanamh air iomadh àite ann an taobh a deas na h-Alba. Bha eilean Arainn agus Cinntire gu h-àraidh a' fulang. Dhùin an sneachd neo-chumanta na rathaidean agus fad grunn làithean bha na mìltean de dhaoine glaiste. Chaill na mìltean de dhachaighean cumhachd an dealain agus chaidh ùine mhath seachad mun deach aig an luchd-obrach air na cablaichean a bha briste a chàradh.

Chan eil sinn cho ullaichte agus a bhiodh na ginealaichean a chaidh romhainn nuair a thig fìor dhroch shìde. An-diugh tha dachaighean ann a tha an crochadh uile gu lèir air cumhachd an dealain. Anns an t-seann aimsir bhiodh teine fosgailte anns a h-uile taigh agus bhiodh dòigh aca air biadh a dheasachadh agus an t-àite a bhlàthachadh.

Chualas iomadh naidheachd mu dhaoine a rinn cabhair air feadhainn a dh'fhaodadh a bhith a' cur feum air biadh agus blàths, gu sònraichte seann daoine no feadhainn a tha ciurrmach no far an robh dachaighean iomallach. Chunnacas gnìomhan Crìosdail anns na làithean sin a tha a' dearbhadh gu bheil daoine coibhneil ann an saoghal far an cluinn sinn a h-uile latha naidheachdan a chuireas gaoir nar feòil. Tha spiorad a' choibhneis, a bhith cuimhneachail air feadhainn a bha bochd, air an sàrachadh, tric air a mholadh anns na Sgrìobtaran.

Nuair a chailleas sinn solas an dealain no nuair a tha an rathad air a ghlasadh le sneachd bidh na ceudan de luchd-obrach a' tighinn a-steach airson cùisean a rèiteach, a dh'aindeoin droch aimsir. Tha còir againn a bhith a' toirt taing do Dhia airson nan daoine a tha a' cumail bhàtaichean-aiseig agus ghoireasan eile a' ruith, gu seachd àraidh nuair a tha side gheamhranta ann.

**Le deagh dhùrachd dhuibh uile,  
Ruairidh MacLeòid.**



Eadar 1908 agus 1914 thog companaidh R. R. Speirs, a bha stèidhichte ann an Glaschu, faisg air ceithir fichead eaglais iarainn don Eaglais Shaoir Aonaichte. Seo an clàr a bha air balla gach tè de na taighean-adhraidh sin. Tha cuid dhiùbh air an cleachdadh chun an latha an-diugh, ach chan eil mòran dhiùbh a chum an sanas aig Speirs.

## Cùil Nan Ceist

Gach mìos tha sinn a' cur cheist air an luchd-leughaidh air cuspair a gheibhear air duilleagan a' Bhìobaill. Bha cuid de na deisciobail 'nan iasgairean agus an turas seo tha na ceistean mu iasg agus iasgairean. Lorgaidh sibh freagairt nan ceist anns a' chaibideil a tha sinn ag ainmeachadh, agus tha na freagairtean cuideachd air an duilleig-chùil.

1. Cia meud iasg beag a bha aig a' bhalach? (Mata, caibideil 14.)
2. Lìon a' bheàrn seo: "Agus ni na h-iasgairean ----." (Isaiah, caibideil, caibideil 19.)
3. Cò a thubhairt, "Tha mise a' dol a dh'iasgach"? (Soisgeul Eòin, caibideil 21.)
4. Cia meud latha a bha lònah am broinn an èisg mhòir? (lònah, caibideil 1.)

## Bròn – 5

A bheil slighe air adhart? Ma tha sinn a' creidsinn facal Dhè feumaidh sinn creidsinn gu bheil. Ann an Ecclesiastes tha sinn a' leughadh, *Aig gach nì tha tràth, agus àm aig gach rùn fo nèamh. Am gu gul is àm gu gàire. Am gu caoidh agus àm gu dannsa.*

Sgrìobh Catherine Saunders mar seo, *Tha àm a' tighinn nuair a tha daoine a' caoidh a dh'fheumas duine co-dhùnadh a dhèanamh a bheil iad a' dol a ghluasad air adhart no a dh'fhuireach far a bheil iad.*

Canaidh gu leòr gur e an dòigh as cinntiche gluasad air adhart a bhith a' cuideachadh dhaoine eile. Anns na Corintianaich tha sinn a' leughadh, *Dia a tha a' toirt cofhurtachd dhuinne nar n-uile àmhghar a chum sinn a bhith comasach air cofhurtachd a thoirt dhaibh-san a tha ann an àmhghar sam bith, leis a' chofhurtachd leis a bheil sinn fhèin a' faotainn cofhurtachd o dhia.*

Tha fios agam dhomh fhìn 's e a bhith a' coinneachadh còmhla ri mnathan eile, a' chuid mhòr dhiùbh anns an aon suidheachadh rium fhìn, a thug misneachd dhomh airson na slighe air adhart. 'S urrainn dhomh a ràdh an-diugh gu bheil mi aig fois, taingeil airson iomadach beannachd a tha a' sruthadh bho Dhia.

Agus tha mi a' creidsinn gu bheil nas fheàrr air thoiseach. Bha mi ann an cladh Losgaintir bho chionn ghoirid agus chunnaic mi air cloich-uaigh an ran mu dheireadh den laoidh, *Neart a' Bhuachaille*, a sgrìobh Pàdraig Caimbeul, bràthair mo sheanamhar.

*Cha bhi àmhghar, 's cha bhi mulad,  
Cha bhi tuireadh, 's cha bhi bròn,  
Tha thu seachad air gach cunnart  
Bha gad ruith an gleann nan deòir;  
Cha bhi doineann gaoith a tuath ann,  
Fairge bhuaireasach 'na torr,  
Ach air fairge ghlainne shuas,  
Far nach tig stoirm sa chuan nad choir.*

**Oighrig Fhearghasdan,  
(A' Mhanachainn).**

## Laoidh Chalum Chille

Beagan bhliadhnachan air ais chuireadh laoidh ri chèile ann am Beurla mu Chalum Cille agus mun eaglais a stèidhich e. Seo eadar-theangachadh Gàidhlig den laoidh. Bidh i air a seinn air an fhonn, *St. Columba*.

**A Eirinn sheòl Calum Cille caomh  
Le soisgeul saor na slàint',  
Shuidhich e eaglais sheall don t-saoghal  
Tha Dia measg dhaoine tàmh.**

**Air machair uain' 's measg gàirich thonn,  
'S na neòil 's an eòrna fàs,  
Na Celitich fhuair san t-saogh'l mun cuairt  
Iomadh sealladh beò air gràs.**

**Cur fàilt' air coigrich, leigheas cràidh,  
A' leantainn sìth le spàirn,  
'S nuair shaoithrich iad do Chrìosd an Triath  
Bha 'n creideamh a' sìor fhàs.**

**Air choigrich rinn iad ùrnaigh shèimh,  
Mar fhuair iad àithn' o Chrìosd,  
Aoibhneach ann an seirbheis Dhè  
Gur ionann cràbhadh 's gnìomh.**

**An siol a chuir Calum Cille còir  
Gum faigh e fàs o Dhia,  
Le creideamh 's corp gan cur an sàs,  
A' ceangal facail 's gnìomh.**

## A' Choinneamh Ghàidhealach

Bho is cuimhne le daoine bhiodh Coinneamh Ghàidhealach air a cumail ann an Dùn Eideann ann an seachdain an Ard-sheanaidh. Anns na seann làithean bhiodh a' choinneamh air a cumail ann an Talla a' Mhàrtainnich aig a' Cholaiste Nuaidh, faisg air Talla an Ard-sheanaidh. Aig an àm sin bhiodh ceud gu leth is corr a' tighinn cruinn, càirdean à Dùn Eideann agus às na ceàrnaidhean mun cuairt, a bharrachd air buill an Ard-sheanaidh. Bha mòran mhiseanaraidhean aig Eaglais na h-Alba air a' Ghàidhealtachd anns na làithean sin agus bha Comann Gàidhealach nam Ban fhathast a' dol.

Anns na bliadhnachan mu dheireadh bhiodh a' Choinneamh Ghàidhealach air a cumail anns an Netherbow, Ionad-Sgeulachd na h-Alba. Bhiodh cruinneachadh gasta ann ron choinneamh far am biodh trì is rudan milis. An còmhnaidh bha an òraid inntinneach, agus bhiodh pàirt den choinneamh ann an Gàidhlig.

Tha sinn dìreach air fios fhaighinn nach bi Coinneamh Ghàidhealach ann am bliadhna. Bidh mòran ga h-ionndrain. Tha sinn an dòchas gun tèid a' choinneamh seo ath-bheothachadh an ath-bhliadhna. Aon uair agus gun tèid rud a chall chan eil e cho furasta fhaighinn air ais.

**Colin MacLaurin (1698-1746)**

**Argyllshire's Mathematician**

**Edmund F. MacDhonnchaidh agus Riseart A. A. Devéria**

An dèidh ceumnachadh, chuir MacLabhrainn beagan bhliadhnachan seachad air ais ann an Cill Fhianain, agus ann an 1717 chaidh a thaghadh mar Phroifeasair air matamataigs ann an Oilthaigh Obar Dheadhain. An dèidh sin bha an dearbh dhreuchd aige ann an Oilthaigh Dhùn Eideann. Choisinn e ainm mar sgoilear le dà leabhar a dh'fhoillsich e, *The Treatise of Fluxions*.

Bha am Proifeasair MacLabhrainn beò aig àm trioblaideach ann an eachdraidh Bhreatainn. Nuair a bha na Seumasaich a' cur an aghaidh air Dùn Eideann rinn esan obair dhìcheallach ann a bhith a' dìon nam ballachan. Chaochail e ann an 1746, agus tha e air a thìodhlacadh ann an cladh air a bheil na Gàidheil eòlach, ri taobh Eaglais nam Manach Liath.

Tha an leabhran seo ag innse eachdraidh-beatha iongantach an duine iongantach seo gu snasail cothromach.

## Leabhraichean

'S iomadh balach a rugadh ann am mansa air Ghàidhealtachd a choisinn cliù air feadh na dùthcha, seadh, air feadh an t-saoghail. Ach cha robh mòran dhiùbh cho ainmeil ri Cailean MacLabhrainn, a rugadh ann am mansa Chill Mhaodain ann an Earra Gàidheal.

Bha athair Chailein, Maighistir Iain, 'na mhinistear ann an Cill Mhaodain, agus b'esan a dheasaich an t-eadar-theangachadh Gàidhlig aig Seanadh Earra Ghàidheal de na sailm airson a' chlà. Cha robh Cailean ach sia seachdainean de dh'aois nuair a chaochail 'athair. Naodh bliadhna an dèidh sin chaill e a mhàthair, agus chaidh esan a thogail anns a' mhansa aig an Urr. Dàniel MacLabhrainn, a bha 'na mhinistear ann an Cill Fhianain.

O làithean 'òige dhearbha Cailean MacLabhrainn gu robh e 'na sgoilear air leth. Cha robh e ach aon bliadhna deug nuair a chaidh e gu Oilthaigh Ghlaschu. Cha robh e ach ceithir deug nuair a thug e a-mach MA.

# Beatha Iosa Crìosd

Ann an 1893 dh'fhoillsich an t-Urr. Iain MacRuairidh leabhar leis an ainm, *Eachdraidh Beatha Chrìosd ann am briathran a' Bhìobuill*. (Bha Mgr. MacRuairidh 'na Fhear-deasachaidh air *Na Duilleagan Gàidhlig* eadar 1887 agus 1907.)

A-nis tha leabhar ùr air tighinn a-mach leis an tiotal, *Beatha Iosa Crìosd*. Tha Tònaidh Dilworth, a chuir an eachdraidh ri chèile, ag innse mar a ghabh e ùidh anns an obair. Nuair a bhiodh o àm gu àm ag ullachadh shearmon airson na seirbheis Ghàidhlig ann an Eaglais Ghàidhealach Dhùn Eideann bha aige ri rannsachadh a dhèanamh air na Sgrìobtaran Gàidhlig. Bhrosnaich sin e gu bhith a' toirt na thachair ann am beatha Iosa còmhla ann an leabhar.

Tha an leabhar air a roinn ann an ceithir earrainnean, a' leantainn beatha Chrìosd o àm a bhreith gu àm na h-aiseirigh, mar a gheibhear sin anns na soisgeulan. Seo na cuibhreannan, 1. *Mar a rugadh Iosa ann an stàball*. 2. *Iosa a' teagasg am measg an t-sluaigh agus a' dèanamh mhìorbhailean*. 3. *Iosa a' cumail air a theagasg agus a' dèanamh mhìorbhailean*. 4. *Air ais ann an Ierusalem, an suipeir mu dheireadh leis na h-abstoil; bàs, aiseirigh agus deasghabhail Iosa*. Fo gach ceann aig toiseach an leabhair gheibhear clàr leis gach cuspair a leughas sinn anns na ceithir roinnean.

'S dòcha gur e an dòigh as fheàrr air sealltainn don luchd-leughaidh cho soilleir sìmplidh siùbhlach agus a tha a' Ghàidhlig anns an leabhar, blasad a thoirt dhuibh de earrainnean air a bheil sibh eòlach. Seo mar a tha na thachair aig a' phòsadh ann an Càna Ghalile ann an soisgeul Eòin againn anns an leabhar.

*Bha Iosa 's a dheisciobail ann an Nàsaret le Muire, màthair Iosa, nuair a fhuair iad uile cuireadh gu banais ann an Cana Ghalile. Bha a h-uile nì a' dol gu math gus an do theirig am fion. Thuirt Muire ri mac, Iosa, "Chan eil fion aca."*

*"Chan eil gnothach sam bith agam ri sin," fhreagair Iosa. "Cha tàinig m' uair a bhith ri gnìomh fhathast."*

*Ach dh'fhalbh Muire 's thuirt i ris na searbhantan, "Ge b'è nì a their e ribh, dèanaibh e."*

*Bha sia soithichean-uisge de chloich san talla a chumadh dà fhircinn no trì an urra, timcheall air ceud gallain gu leth uile gu lèir. Thuirt Iosa ris na searbhantan, "Lionaibh na soithichean seo le uisge agus lionaibh iad gus am beul."*

*Nuair a bha na soithichean air an lìonadh le uisge, thuirt Iosa riu, "Tairngibh srùbag agus thugaibh sin do uachdaran na cuirme." Agus rinn iad sin ach bha an t-uisge a-nis air a dhèanamh na fhion fìor bhlasta. Cha robh fhios aig uachdaran na cuirme dè bha tachairt agus chaidh e gu fear-na-bainne agus thuirt a ris, "Is àbhaist am fion as blasta a chur an làthair an toiseach, agus nuair a tha na daoine air gu leòr dheth òl, cuirear*



**'S e boireannach a tha 'na Moderàtor air an Ard-sheanadh. 'S ise an t-Urr. Lorna Hood a tha air a bhith 'na ministear anns an Eaglais a Tuath ann an Rinn Friù o 1979. Rinn i seirbheis don eaglais air grunn chomataidhean. Fad corr is fichead bliadhna tha i air a bhith 'na ministear ceangailte ri ospadal Phàislig.**

*an làthair am fion nach eil cho math. Ach ghlèidh thusa am fion math gus a-nis.*

*B'è seo a' chiad mhìorbhail a rinn Iosa agus chreid a dheisciobail ann. Chithear an seo mar a tha an eachraidh ann an litreachadh Gàidhlig an latha an-diugh. Tha mìneachadh againn air dè a tha dà fhircin a' ciallachadh.*

Bidh daoine a tha fileanta ann an Gàidhlig agus a tha eòlach air an t-seann eadar-theangachadh a' gabhail tlachd anns an leabhar seo. Ged a tha e a' leantainn gu dlùth ri cainnt an eadar-theangachaidh a tha againn, an siud agus an seo, far a bheil sin feumail, tha a' Ghàidhlig air a toirt nas fhaisge air cànan an t-sluaigh nar latha. Mar sin bidh tarraing anns an leabhar seo do luchd-ionnsachaidh agus bidh e feumail ann an sgoiltean agus ann an Sgoiltean Sàbaid. Ann an cuid de na seann Bhìoblaichean cha robh an sgrìobhadh ach meanbh, ach tha an clò anns an leabhar seo furasta a leughadh.

Aig deireadh a' Mhàirt chaidh cuibhreann den leabhar a leughadh aig an t-seirbheis Ghàidhlig anns an Oban agus rinn an coitheanal toileachadh ris. Bidh e air a chleachadh anns an dachaigh, anns an sgoil agus anns an eaglais.

Nach math gu bheil an *Saint Andrew Press* air leabhar Gàidhlig a thoirt am follais, agus tha sinn an dòchas gun smaoinich iad air leabhraichean eile a chlà-bhualadh ann an Gàidhlig.

## Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "A Dhia, is Tu mo Dhia-sa." Tha na faclan seo anns an treas salm thar an trì fichead,

aig a' cheud rann. (Salm 63:1) Bha eòlas pearsanta aig Daibhidh air Dia. Mar sin sgrìobh e: "Is Tu mo Dhia-sa." Ach cha robh e airson Dia a chumail aige fhèin. Bha e ag iarraidh gum biodh eòlas aig daoine eile air Dia. Bhiodh e toilichte nan cuireadh a h-uile duine eòlas air Dia. Tha na sailm gu tric a' cuireadh dhaoine ann an ainm Dhè.



A' coimhead a-mach air an uinneig chì mi Loch Fin. Tha an loch daonnan ag atharrachadh. An-diugh tha na h-uisgeachan

socair. Air làithean eile bidh na tonnan ag èirigh gu h-àrd. Nuair a tha tràigh mhòr ann chì thu cladach agus feamainn agus creagan ann am pailteas. Tha coltas an loch ag atharrachadh a h-uile latha. Anns a' Bhìoball tha leasain againn air an tarraing on mhuir. Bidh a' mhuir gar sgaradh o chèile. Bidh a' mhuir cunnartach. Thàinig Iosa gu bhith a' toirt air falbh nan rudan a tha gar sgaradh o chèile agus gar sgaradh o Dhia. Thàinig E gu bhith a' sgrios nan rudan a tha 'nan cunnart – an t-eagal, an t-as-creideamh, am peacadh, am bàs.



Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Cha do dhùin doras nach do dh'fhosgail doras." (No door ever shut but

another opened.) Bidh sin tric a' tachairt. Thèid rudan nar n-aghaidh. Bidh sinn a' smaoinichadh nach eil romhainn ach doras dùinte. Ach bidh Dia 'na ghràs gar cur air rathad eile. Thachair sin don Abstol Pòl. Cha d'fhuair e cothrom an rud a bha e ag iarraidh a dhèanamh. Ach dh'fhosgail Dia dha doras eile. Thug Dia dha cothrom seirbheis a dhèanamh ann an dòigh eile no ann an àite eile.



Dh'iarr Iosa oirnn a bhith "ag amharc air eunlaith an adhair." Tha e tlachdmhor a bhith a' coimhead air na h-eòin

a tha faisg air an taigh no na h-eòin a chì sinn nuair a bhios sinn a-muigh a' coiseachd. Far a bheil mise a' fuireach chì sinn eòin gàraidh agus eòin na mara. Nuair a tha làithean fuara ann bidh sinn a' toirt barrachd bidh dhaibh. A h-uile madainn bidh na tha air fhàgail den lit air a chur a-mach air an fheur. Anns a' mhionaid thig na feannagan airson biadh fhaighinn.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.  
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

## Thall 's a-Bhos

### LARACH-LIN

Annas na duilleagan Beurla annas a' Ghiblean chaidh innse mun làrach-lìn a tha aig *Life and Work*. Chaidh a chur air bhog leis a' Mhoderàtor aig deireadh a' Mhàirt. Am measg nan cuspairean a gheibhear air an làrach-lìn tha fiosrachadh mu *Na Duilleagan Gàidhlig*. Gheibh sinn gach iomradh mun mhiosachan air [www.lifeandwork.org](http://www.lifeandwork.org)

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist mi iasg is iasgairean a thog sinn air an duilleig aghaidh. 1. A dhà. 2. ---bròn." 3. Peadar. 4. Trì. Saoilidh mi gu robh na ceistean furasta air a' mhìos seo.

### FAGAIL NA DREUCHD

Tha an t-Urr. Tormod MacLeòid air uallach coitheanail a leigeil dheth. Bha Mgr. MacLeòid 'na mhinistear ann an Eaglais Naomh Anndrais ann an Hamilton. Tha e air a bhith anns an sgìre o 2005. Eadar 1999 agus 2005 bha e 'na mhinistear ann an Ile, far an robh meas mòr aig an t-sluagh air mar shearmonaiche agus mar aoghair. Bha athair Thormoid, an t-Urr. Dòmhnall MacLeòid, à Beàrnaraigh na Hearadh, 'na mhinistear ann an Cille Mhoire agus Paibil, ann an Inbhir Pheofharain, ann am Port Rìgh agus ann am Fairlie ann an siorrachd Air.

### SEANN SEARMOINEAN

Tha mi a' creidsinn gu bheil iomadh neach aig a bheil searmoinean Gàidhlig air seann teipichean a bu toigh leo a chur air clàr le dòighean ùra. Tha eòlas aig Donaidh MacGhilleathain aig Lewis Recordings ann an Inbhir Nis air a bhith a' stòradh theipichean le teicneòlas an latha an-diugh. Tha e air eòlas farsaing fhaighinn cuideachd air a bhith ag ullachadh leabhraichean Gàidhlig airson a' chlà. Ma tha sibh ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh gheibhear sin aig: **Lewis Recordings, Drumsmittal, Inverness IV1 3XF.**

### RANN

*Ceart mar a tàim, 's cha diùltar mi,  
Ach fàilt' is saorsa gheibh gun dìth,  
Do bhrigh gun chreid mi d'fhocal fìor,  
Uain Dhè, dhut thigean dlùth.*

Dh'eadar-theangaich Alastair Camshron an laoidh ainmeil aig Charlotte Elliott (1789-1871), *Just as I am*. Gu h-àrd tha rann anns an laoidh ann an cruth Gàidhlig.

### SEIRBHEIS AN ARD-SHEANAIDH



#### An t-Urr. Dòmhnall MacSuain

Bidh seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh air Didòmhnaich an 19mh latha den Chèitean ann an Eaglais Ghàidhealach nam Manach Liath ann an Dùn Eideann aig leth-uair an dèidh meadhan-latha. Air ceann an adhradh agus a' searmonachadh bidh an t-Urr. Dòmhnall MacSuain, ministear Chill Tighearna. Air ceann na h-ùrnaigh bidh an t-Urr. Coinneach D. MacLeòid, a tha 'na mhinistear ann an Inbhir Ghòrdain. Tha sinn an dòchas gun toir Gàidheil Dhùn Eideann taic don t-seirbheis Ghàidhlig agus gum bi luchd-adhradh an làthair à àiteachan eile, a bharrachd air feadhainn a tha 'nam buill den Ard-sheanadh am bliadhna.

## Urnaigh

*A Dhè ar n-athraichean,  
gheall Thu do chumhachd  
agus do làthaireachd  
nuair a bhios daoine a' tighinn cruinn nad ainm.  
Air a' mhìos seo,  
agus eaglaisean a' coinneachadh  
aig àm an Ard-sheanaidh  
gum biodh do Spiorad a' stiùireadh  
gach coinneamh a bhios air a chumail.  
Gum biodh muinntir nan eaglaisean  
air an treòrachadh  
ann a bhith a' gleac ri ceistean duilich,  
ann a bhith a' sireadh do thoil agus do bheannachd.*

Amen

An dealbh air an aghaidh:  
Port na h-Abhainne ann an Ile,  
far a bheil tè de na h-eaglaisean  
Pàrlamaid a chaidh a dhealbhadh  
le Tòmas Telford.  
Tha am mansa a bha  
air a thogail aig an àm sin  
an-diugh 'na thaigh-còmhnaidh